

## Pornografaidh: Prìomh phuingean

---

1. Tha e ceart gu leòr faireachdainnean feiseil a bhith agad agus gum faigh thu tlachd às do bhodhaig nuair a tha thu ri fèin-bhrodadh.
2. Chan fheum thu pòrn a choimhead 's chan fheum thu cuideachd a choimhead dìreach bhon a tha do charaidean. Tha cothrom agad rud sam bith nach eil a' còrdadh riut a chur dheth.
3. 'S e fantasachd a th' ann am pornografaidh, agus chan eil e dà-rìreabh. Faodaidh pòrn gnìomhan feise annasach agus anabarrach a shealltainn. Cha bhith a' sealltainn an seòrsa fese a tha a' toirt tlachd dhan mhòr chuid de dhaoine gu h-àbhaisteach.
4. Chan eil bodhaigean àbhaisteach aig daoine a bhios ag actadh ann am pòrn.
5. Faodaidh coimhead pòrn tlachd à feise àbhaisteach a mhilleadh bhon a tha e a' cruthachadh dhùilean neo-reusanta.
6. Faodaidh tu irisean agus bhidiothan pòrn a cheannach gu laghail aig 18. Bidh làraich-lìn pòrn a' feuchainn ri bacadh a chur air daoine fo aois 18 bho faighinn thuca.
7. Tha seòrsaichean sònraichte de pòrn ann a tha mì-laghail eadhon do inbhich. 'S e "ìomhaighean anabarrach pornagrafach" no "extreme pornographic images" a chanar riutha sin. Tha seo a' gabhail a-steach pòrn far a bheil na bhios daoine a' dèanamh a' cur beatha neach ann an cunnart no far a bheil cunnart gun adhbhraich na tha iad a' dèanamh cron no droch leòn. Tha seo cuideachd a' gabhail a-steach pòrn a tha ag ìsleachadh, pòrn fòirneartach (a tha a' toirt a-steach èigneachadh agus droch-dhiol) no rud sam bith co-cheangailte ri daoine òga fo aois 18.
8. Cuimhnich, tha e an aghaidh an lagh do neach fo aois 18 ìomhaighean no filmichean fheiseil dhiubh fhèin no de neach og eile a sgaoileadh. Le bhith a' sgaoileadh ìomhaigh feiseil, tha neach òg a' cruthachadh agus a' sgaoileadh pornografaidh chloinne agus tha cunnart gun tig casaidean a thogail nan aghaidh, fiù 's ged a bhiodh cead aca an dealbh a thogail agus a sgaoileadh.
9. Tha e an aghaidh an lagh do neach nas sine na 18 pòrnografaidh a shealltainn do neach nas òige na 18, no leigeil leotha a choimhead.
10. Faodaidh cuid de phòrn a bhith buaireasach. Ma chì thu rud a tha gad fhàgail troimh-a-chèile faodaidh tu bruidhinn ri inbheach earbsach..